

## Peataichean

Tha cat agus cù agam. 'S e Lucky an t-ainm a th' air mo chat agus 's e Flash an t-ainm a th' air mo chù.

Tha Lucky dubh le cluasan agus spògan geal. Tha earball beag air. Tha Lucky uabhasach mì-mhodhail.

Tha Flash donn le aodann snog geal le spotan air. Tha cluasan fada donn air agus spògan beag. Tha Flash solta agus modhail.

Tha coineanach agam cuideachd. 'S e Sneachda an t-ainm a th' air. Tha e uabhasach brèagha. Tha bian snog geal agus donn air, cluasan fada, sròn bheag dhubh agus fiaclan mòr. Tha earball beag geal air. Tha e a' fuireach ann am bothag bheag.

Tha hamstair aig mo bhràthair. Tha e uabhasach beag le fiaclan beag agus cluasan beag, goirid. Tha e donn, dubh agus geal. 'S e Bobby an t-ainm a th' air.

Tha eun aig mo phiuthar, Cheeky. Tha am buidsidh buidhe, gorm, uaine agus geal le gob beag. Tha e uabhasach crosta!

Chan eil peataichean aig mo charaid ach tha crodh agus caoraich aige.

Tha each beag dubh aige à Sealtainn agus tha e a' fuireach ann am pàirc.